

5.5132(29).

MACDONALD (Donald) of Uist

Laoidhean

..... GLASGOW 1857

National Library of Scotland



B000500755

L A O I D H E A N

LE

DOMHNULL DOMHNULLACH,

Maighstir Sgoil ann an Uithist mu Thuath.

QUIST



GLASGOW :

PRINTED BY A. SINCLAIR, 62 ARGYLE STREET.

—
M D C C C L V I I .

LIBRARY OF SCOTLAND
B
-4-
1972
NATIONAL

DAN MU THRIOBLAID INNTINN.

Thoir m' anam gu feitheamh ort a Dhé,
Déan tròcair orm a's stiùr mo cheum ;
Oir tha mi nise dlùth do'n bhàs,
O Thighearn' gabh ri m' anam bàigh.

Fosgail m' anam riutsa suas,
Chum 's gu'n gabh mi steach an t-Uan ;
'S am feadh a mhaireas là na slàint'
Bidh m' anams' 'g òl do d' shòlas gràidh.

Ghlac eagal agus uamhann mi,
A' smuaineachadh nach faigh mi sìth ;
'S am feadh tha Biobull 's Sàbaid ann
Na ceil do ghnùis a's m' aogasg fann.

Do shumainean 's do thonnan àrd
'Dol thairis orm-sa tha gach là ;
Air sgàth tròcair bhuan 's làn mhairtheas fial,
Do m' anam-sa thoir seilbh air Criosd.

Air dhomh bhi 'beachd-smuaineachadh gu geur
Gur goirid gus an rachainn eug,
Cha mhòr nach d' sgoilt mo chridh' le bròn,
'S gu'n sealladh agam air a ghlòir.

Anns an staid dhèruinnich an robh mi
Dh'eirich Sàtan ann an strìth,
A's dh'innis e le briathran tlàth
Nach robh mi'n cumhnanta nan gràs.

A' smuaineachadh mu 'm chunnart féin
Dh'amhairc mi air mo dheis a's feuch
Cha robh neach a ghabh ri m' anam bàigh,
'S ann chlach iad mi anns gach àit'.

'S e thuirte luchd-aideachaidh rium,
 Nach deanadh cealgaireachd a' chùis ;
 'S na'n leanain air m' aghaidh mar bha
 Gu'm bithinn an ifrinn gun dàil.

Ach thus' Fhir-shaoraidh mhòir nam buadh,
 A lotas 'sa leighseas na h-uain ;
 Gabh m' anam truagh fo sgàil do sgéth
 A chum nach sealg an Sàtan e.

Nuair bhithinn anns an doimhne shios
 Bhiodh geallannan dhomh cho fial,
 Dh'eireadh as-creideamh gun dàil,
 'S cha robh dhomh ach bròn gach là.

Ach tha m' aineolas cho mòr,
 'S gu'n scalladh agam air a ghlòir ;
 Is cha'n 'eil fois aig m' anam féin—
 Och, a Dhia, ga m' dhion thig féin.

'S fearr là a'd' chùirt na mìle là,
 Mar tha Daibhidh ag ràdh—
 An tiota beag is éiginn triall—
 Och bu mhaith bhì'n seilbh air Criosd.

Is ann a ghabh mise gu crìdh'
 Gu'm bu mhuladach an ni
 'Dhol gu gleann dorcha sgàil a' bhàis
 Gun an t-acair a bhì 'n 'sàs.

Ach 's mis' an neach a tha truagh
 Gun eòlas agam air an Uan ;
 Oir tha beatha, sìth, a's slàint'
 Ann an co-chomunn a ghràidh.

Ach na'n éireadh a ghrian,
 'S gu'n tigeadh àm seinn nan ian,
 Cha b' urrainn mise gu'n bhì 'g ràdh,
 Nach bu mhaith gu'n d' rinn mi dàil.

'S ann a tha mis' ann am fiamh
 Gu'n teirig gach là agus bliadhn',
 'S an uair a nochdar mi na làth'r,
 Orm nach bi 'chulaidh a's fearr.

'N uair chuimhnicheas mi air a ghràdh,
 'S mar thug e air adharc Dhaibhidh fàs,
 Cha mhòr nach d' fhuair mi spionnadh nuadh,
 Ged bha mi fathast marbh san uaigh.

Ged a bha na tonnan àrd,
 Bha mo dhòchas beo gu bràth,
 Gu'n tugadh tu mi nìos o'n uaigh,
 'S gu'n seinnin ceol air glòir an Uain.

~~~~~  
 FOCAL MU'N TUITEAM.

Ann an Adhamh 'n uair a chaidh sinn cli  
 Thug sud am bàs oirnn, cion slàint 's as-sìth,  
 'S dh'fhosgail dòruinn tuil-dhorsan comhladh,  
 A's shil nan dòrtaidh ar bròin mar still.

Chaill sinn naomhachd a's aogasg Dhé,  
 'S thàinig sgàil' air a ghràdh gu léir ;  
 Dh'fhalbh ar dòchas 's'ar muinghinn comhla,  
 'S och mo leòn ! bhuaibh sud bròn ro gheur.

O ! 'n caoi'neas siorruidh tha'n Criosd Mac Dhé,  
 Ar deanadh sgiamhach 's e 'mhiann 's a dheigh,  
 'S e sud an diomhaireachd shruth o'n diadhachd  
 Gu'n ghabh e riamh thuig' ar nàdur fein.

~~~~~  
 GUTH MISNICH O CHRIOSD.

AIR FONN

*'S mòr aoibhneas an dream a thuig
 An Soisgeul air an talamh so'n diugh,
 A' soillseachadh a measg na cuideachd
 Urramaich th'am Pharas.*

As aobhneasan clann Shìoin
 Cha 'n urrainn mis' an innse,
 'S nan anaman chaidh fhirinneach'
 Le creideamh fìor na slàinte.

Sud a mhuinntir ghlòirmhor
 O 'n là fhuair iad trècair,
 'S e 'n Tighearna Iehòbhah
 A thredirich iad le 'ghràsan.

Sud a' mhuinntir rìmheach,
 An deiseachan cha sìoda—
 Geal chulaidhean clann Shìoin
 'S e fireanntachd an Ard-rìgh.

Ged is muinntir leont' iad
 'S oighreachan air glòir iad,
 C' arson an biodh iad brònach
 'S an còraichean cho làidir ?

C' arson a nighean Shìoin
 A tha do cheann cho iosal,
 'S Isaiah dhuinn ag innseadh
 Gu'm faigh thu sìth a' sfàbhar.

Ged tha thu'n diugh fo dhòruinn
 An taobh so dh' abhainn Iordain,
 Gabh misneach, cum do dhòchas,
 'S e Dia do thredir—bi làidir.

Do gheamhradh ged tha gruamach
 Thig earrach a bheir snuadh ort
 Ni blàth dhriuchd o shuas thu
 Cho geal ri nuadh shneachd àillidh

Is mise Rìgh nam buadhan
 Do t' anamsa thug fuasgladh,
 'N uair bha thu anns na cuantan,
 Thuig agus uaith 's am bàs ort.

'Sa chamanaich roimh'n fhàire,
 Dh'fhalbh Muire 'sa cridh' cràiteach,
 'S cho luath 's a chual i, "Mhàri,"
 'S ann las an gràdh le h-aoibhneas.

'S ann shaoil leath gu'm b'e 'n gàradair
 A bha 'na Dia 's na Slànuighear,
 'Sin fasan clann nan gràsan,
 A's Criosd a ghràidh m'an timchioll.

Nuair chuireas mi'm bàs g'ur n-iarraidh
 Cha dean a ghathan ur pianadh,
 'S ann bhios e na thcachdair sithe
 G'ur toirt gu tìr Chanàain.

Tha mis' arsa Emanuel
 Dol dh'ullachadh dhuibh àite,
 'S mo shòlasan 's mo làithreachd
 Gu bràth cha teid á fianuis.

An sòlasan nec-chriochnach
 Do dh'aoibhneasan ion-mhiannaicht'
 Gu'm bi sibh beo gu siorruidh,
 Re chian nan cian am Phàras.

C' arson tha thu gu'n dòchas,
 Mar neach nach faighcadh tròcair?
 Seall m' fhuilsa 'n deigh a dòrtadh
 Gu thus' bhi beo trid àmhghair.

'S mo chorp-sa 'n deigh a reubadh,
 'S mo chridhe sgàint o cheile,
 'S na smugaidean am eudann
 A' reiteach rathad tearnaidh.

Nuair thainig mi ga t-iarraidh
 Cha robh thu deonach striochdadh,
 'S o'n stoc an robh thu ('n diabhol)
 Gu'n ghearr mi sios gu làr thu.

Shuidhich mi thu 'sa ghàradh
 A tha os cionn staid nàduir,
 A's ghabh mi tlachd o shiorruidheachd
 'N a d' dheanamh sgiamhach, àilidh.

AN TIGHEARNA RI FHAICINN ANN AN OBAIR A
 CHRUTHACHAIDH.

A bheil sibhs' air an talamh toirt an aire mar tha,
 Ni mòr bh'air a thasgadh anns na flaitheas gu h-àrd, [dearrs
 Anns a chumhnanta shiorruidh mu'n robh ghrian oirnn a'
 'S mu'n robh reultan a's gealach air an athar a' snàmh.

Thig leinn agus amhaire air sgaradh nan tràth,
 Aig briseadh na fàire air maduinn cheud là,
 Seall na nèamhan 's an talamh, ged tha falamh a's fàs,
 'S an cumhnanta shiorruidh a tighinn a' fianuis cho làn.

Seall na h-ullaichean mòra tha ro-oirdhearc an gnè,
 Tha nis a co-chordadh ri ro-ordachadh Dhe,
 Na cuantan a' dortadh le gach seorsa do eisg,
 'S an talamh 's na beanntan mar bhean bainnse fo sgeimh.

Thoir suil air a mhaise tha an gathan na grein',
 Na reultan 'sa ghealach, san t-athar gu léir,
 Am bogha-frois le chuid dhathan 'dcarg-lasadh nan speur
 'S ag innse le 'mhais' mu ghlòir 's inn mhaitheasan Dhé.

Tha mìle do mhiltean do chrodh-laoigh feadh gach sléibh,
 Caoirich, gobhair a's eachaibh, 's cunlaith mhaiseach na speur
 H-uile creutair dhiu seasmhach, nan nàdur dealaicht o cheil,
 'S iad a' còrdadh nan cleachdadh ri do reachdan a Dhé.

Tha na coilltean 's na preasan do dh-eoin cheileireach làn,
 A' seinn gu suilbhcarran ceolmhor air do ghlòir-sa gun tàmh,
 Tha iad ag innse le'n còmhra gu bheil thu glòrmhor a's àrd,
 'S bidh na fithich òg earraich 'g iarraidh beath' ort gach trà.

Rinn thu'n leomhan san dràgon, 's gach creutair snàgach
 fo'n ghréin,

'S rinn thu chuileag san seangan nan gnath dealaicht o cheil,
 Cha'n'eil creutair air talamh nach eil fo d' smachdachadh féin
 'S tha t-àrd riaghladh glòrmhor toirt dhoibh seoladh gu léir.

Tha cuid diubh 'tarruing beatha o charcais a cheil',
 'S tha cuid eile 'g òl meala feadh nan glacan 's nan geug,
 Tha iad uile nan dòighean air son do ghlòir-sa gach treud,
 'S bidh an Eaglais 'seinn ceoil duit air son do dhoighean gu léir.

Tha gleanntan a's glacan le do mhaitheasan làn,
 Gu cuirnineach, boidheach le neoinin a' fàs,
 'S tha seamrag a's rósan le dearg chòmhdach fo bhlàth,
 A's feur na machrach tha 'g innse gu bheil mais ort tha làn

Tha na lilighean sneachdaidh air gach achadh a' fàs,
 Feadh nan raontan 's nan glacan tha mil mar bhain' air a
 bhlàr,

Tha thu iongantach, maiseach anns na flaitheas gu h-àrd,
 Dhuit a sheinneas na h-ainglean, 's tu'n annsachd san gràdh.

Tha na cuantan a' beucail, 's ag eiridh gu h-àrd, [bràtb,
 'S chuir thu criochan gu léir romp' thar nach leum iad gu
 Mar sin tha'n cumhnanta siorruidh coilont anns gach pàirt,
 Is tha gliocas neo-chriochnach ga tboirt nar fianuis gach là.

Tha do ghliocas do rannsaicht, cha'n fhaigh sinn ceann aig
 gu bráth,

Tha'n diabhol fo d' cheannsal 'sa chuid ainglean an sàs,
 Bidh do ghlòir-sa gun taing dhoibh ga seinn sa champa gu
 Le h-ainglean 's le daoine rinu thu shaoradh o'n bhàs. [h-àrd

Rinn thu reothadh a's sneachda, rinn thu gail'ion a's fuachd,
 'S tu rinn an tein'-athar san dealanach luath,
 Rinn thu ifrinn 's na flaitheas 'g eadardhealachadh uait,
 'Se 's ainm dhuit Iehobhah 's tha thu mòr anns gach buagh.

Sud na buaghan tha farsuing, do gach maitheas tha làn,
 Is cha leur dhuinn fhaicinn trian deth cheartas do ghràis,
 'S tha do thuigs' as ar sealladh mar chuan gun chladach
 gun tràigh,

Tha do chumhachd a reir sin thar nan speuran gu h-àrd.

Tha thu gun toiseach gun deireadh, bith cha'n'eil ann cho àrd
 Ri Dia mòr na cruinne—uile chumhachd nan àgh,
 Cha'n'eil teang' ann am billibh d'an aithn' innse mar tha,
 An cuan ud cho domhain, 's a thonnann co àrd.

Chi sinn cuid deth do chumhachd anns a chruthachadh mhòr
 Aig briseadh na faire, 'n cuan an talamh 's na neoil,

Ann's a' mhionaid gun mhoille tigh'nn a mach o do mheoir,
Tha ghrian, na reultan sa' ghealach ro mhaiseach led' ghlòir.

'Stu annsachd nan aingeal anns na flaitheas gu h-àrd,
'Sann ort a tha'n talamh 's a chuid fheachdan a' tàmh,
Cha'n 'eil creutair air thalamh nach 'eil ag amharc an àird
Chum 's gu'n coisgeadh tu'm pathadh 's an acras 'na thrà.

Nuair a chruthaich thu Adhamh bha e làn le do ghlòir,
Le eolas, naomhachd a's firinn bha e riomhach gu leoir,
Shruth e mach o do lamhan mar aingeal gun ghò—
S tha rùn diomhair na diadhachd 'g ar fagail shios ann an cèd.

TOISEACHADH OBAIR DHE ANNS AN ANAM.

*Iosa ghraidh thoir suil an taobh so,
Iosa ghraidh nach seall thu 'n taobh so,
Iosa ghraidh thoir suil an taobh so,
'S gu'm faighinn agh neo-chriochnach uait.*

Nuair fhuair mi eolas ort an toiseach
Bha do chòmhradh dhomh cho toilicht',
'S cha b'urrainn mise bhi sona
Gun co-chomunn siorruidh riut.

Ged bha mi marbh 'sa' cheud Adhamh,
'S mo chul-thaobh ri slighe na slàinte,
Nuas chuir thu na feartan gràs mhor,
'Cho-pàrtaich slàinte shiorruidh rium.

Mar b'e gu'n thàinig thu'n rathad
'S gu'n dhùisg thu mi as mo chadal,
Cha bhiodh còrdan gràidh nam flaitheas
Ga m' tharruing gu Criosda leo.

Ged chaill mi iomhaidh an Athar,
Naomhachd, firinn a's ceartas,
Bha cumhnanta nan gràs ag amharc
Ri ath-cheannach siorruidh dhomh.

Dh'fhosgail thu'n toiseach mo shùilean,
 'S rinn thu do lagh fein cho naomh dhomh,
 Gus an robh mo dhòchas traoighte
 Nach biodh saors' na dion agam.

Dhuisg thu mi as mo chadal,
 'S ruisg thu mi as na bh'agam,
 'S cha robh mo dhòchas ach lag
 Gus an d' thainig neart o Chrìosd thugam.

Chuir naomhachd do lagh mi dhachaidh
 Fo chuan na feirge ann am chabhaig,
 'S gu cinnteach cha robh fios agam
 C'ait am faighinn tearuinnteachd.

Ged bha cumhachd Dhé cho làidir
 Is tarruing bheo 'g am threorach sàbhailt,
 Bha peacadh gin a's gnìomh ag ràdh rium
 Nach robh sgàile dion agam.

B' fhearr leam sin na mìle saoghal,
 Sgàile fasnachd, neart a's aonaidh,
 'S chuirinn-sa feum air gach aon diubh
 Gu saoradh nam fiachan ud.

Chuir naomhachd lagh Dhé nam flaitheas
 Briseadh steach feadh baile m'anam',
 Socair mheallta an diabhoil dhachaidh,
 'S tharruing sud gu Crìosda mi.

Thuig mi gu'm bi slighe na dòruinn
 Air an robh mi 'falbh gu còmhnard—
 Gu'n do bhris a steach a seòladh
 Rinn a ghlàid cho briagha dhomh.

B' e sud an solus, glòrmhor, beannuicht',
 'Briseadh 'stigh air feadh an anaim,
 A' cur an diabhoil na chabhaig
 Dhachaidh o bhi 'riaghladh ann.

Solus ùr gu stiuradh m' anam,
 Air cùrsa ghaoil a null na flaitheas,
 'S tarruing gnìomh na h-uchdmhacachd
 Air m' anam gu bhì 'biathadh ort.

Ged bha geamhradh fuar an toiseach,
 Le stoirm, le fuachd a's cruaidh reothadh,
 Le ùr anail bhlàth an earraich,
 Dh'atharraich na siontan ann.

Bha mi 'smuaineachadh 's mi'm chabhag
 Co e 'n taobh a stiuradh m' anam,
 Gaoth a's smùid a's sgiùrsadh mara,
 'Bagraidh a bhì siorruidh dhomh.

Se naomhachd do lagh a leon mi—
 'S chuir dhachaidh òrm peacaidh m' òige,
 Ionnas gu'n robh mi gun chòmhdach,
 Fo dhòruinean siorruidh leo

Eha peacadh dhomh tròm mar bheanntan,
 Ga m' chumail shìos anns an àm ud,
 'S cha robh mo thighinn a nìos ach mall
 Gus an d' thuirt thu, "Seall na riarachin."

Bha m' anam bàit' am fiachan Adhamh,
 'S gun sion agam gu am pàidheadh,
 Gus 'n d' thog an fhuil a guth an àirde
 Le buaidh lànachd dìonaidd dhomh.

B'ì sud an fhuil bhuaidhmhor, chùbhraidh,
 Anns am bheil neo-chrìoch'nachd saorsa,
 Thug làn riarachadh do naomhachd,
 'S a rinn ciùin an t-iarmalt duinn.

Cha b'è fuil tharbh na chruidh òga,
 Thug saorsa agus dìon o'r leon duinn,
 Ach fuil chumhnanta Rìgh na glòire
 A thog o dhoruinn shiorruidh sinn.

Chunnaic creideamh thu cho gràs-mhor
 An crochadh eadar dà mheirleach,
 'S fuil do chridh' 's do chuim ga fàsgadh
 A' pàigheadh na'm fiachan ud.

Bha naomhachd ceartais cho pàigheach
 'S e neo-chriochnach 'g iarraidh pàighidh,
 Cheannaich saorsa—shaor a's phàigh thu,
 Rinn thu'n t-Ard-rìgh 'riarachadh.

~~~~~

### DAN ANN AN DA EARRANN:

Tha cheud Earrann gu h-àraidh an aghaidh gnathachaidh luchd-àiteachaidh nan Eileanan an iar, mar a tha tabaidean, misg, agus marbhadh mhucan mara air là na Sàbaid.

“Oir feuch, tha 'n là a' teachd, a loisgeas mar àmhuinn; agus bithidh na h-uaibhrich uile, seadh, gach neach a ta ri aingidheachd, mar asbhuan; agus loisgidh an là tha ri teachd suas iad, tha 'Tighearn nan sluagh ag ràdh; oir cha 'n fhàg e bun no bàrr dhiubh.”—Mal. iv. 1.

Tha 'n dara Earrann a' comharrachadh a mach cliù an fhìrean

*O 'Illean biodhmaid aontach  
 Gu aonadh ri trocair,  
 A' fagail an t-saoghail  
 'S mi-naomhachd na feolä;  
 O 'Illean biodhmaid aontach.*

Sibh àireamh mhòr do bhliadhnachan  
 A nis an càmp an diabhoil,  
 'S mar cuir sibh dhibh anamianna,  
 Bidh ceartas Dhia 'g ar ròsladh.

'S luchd òil a's ceòil a's dannsaidh sibh,  
 Bhàlaichean a's bhainnsean sibh,  
 'S mur creid sibh anns an àm so mi,  
 'S ann thall a bhios sibh brònach.

'S goirid gus an tachair sibh  
 Ri Dia mòr na flaitheanas,  
 A thilgeas sios mar phrasgan sibh  
 Gu lasraichean na dòruinn.

'S ur toradh faodar innse leam,  
 Mar chuir Iude a sios san fhirinn,  
 Luchd mhionn a's bbreug a's innleachd,  
 A mhi-ruin a's an fhòtais.

Luchd anamiannan grathail sibh,  
 Canranach a's gearanach,  
 A's briathran atmhor labhair sibh,  
 Gu maslach, carach, seolta.

A' càrnadh a suas aineolais,  
 Mu nithibh cruaidh nach aithne dhuibh,  
 Mar bhruidean na machrach,  
 Ag at mar dhaimh gun eòlas.

'S e Iudas truagh 's Balaam  
 Na companaich is fearr leibh,  
 'S bidh tighearnas ceartais cràiteach leibh  
 Ma theid sibh ruisgt' na chodhail.

Is neoil gun uisg', gun driuchd sibh,  
 Gun eagal no gun chùram,  
 Le mearachadan mi-naomha,  
 Air ur giulan o shòlas.

'S crion chraobhan seachdaidh sibh,  
 Marbh gun sugh gun fhaireachadh,  
 Air ur spìonadh as ur faireachadh,  
 Le seachranan feolmhor.

'S e 'n Soisgeul buadh'or, beannuichte,  
 Air 'bheil sibhse nis gu fanaideach  
 A' caitheamh tàir gu blasbheumach,  
 Le ragaireachd neo-stòlda.

'N uair thig pobull Dhia a mach,  
 A dheanamh luadh air Criosda,  
 Bheir sibhse cul nan sliabh oirbh  
 A riarachachadh na feola.

Tha tiom gu siubhlach, cabhagach,  
 'G ar giulan o na faileusan,  
 'S mar cuir sibh cul ri'r peacannan,  
 Cha'n fhaic 's cha'n fhaigh sibh tròcair.

'N uair thig luidh' na leap' oirbh,  
 'S a dh' fhàgas ur tapadh sibh,  
 Bu luachmhor saors' o fhlaithneas  
 G'ur n-anaman chur an òrdugh.

'Seagal leam sna h-amaibh sin  
 Nach toir ur lèchran solus duibh,  
 'S gu'n dùisg a' chogais bagradh oirbh  
 Mur chaith sibh laith' ur n-dìge.

Bidh dorchadas a's bagarrachd  
 'G ur slugadh suas 'sna h-amaibh sin,  
 'S bidh roi'-bhlas ifrinn faireachail  
 Feadh ur n-anaman air a dhòrtadh.

Bidh ceartas Dé gu nimh ghuineach  
 A' sgrudadh teann ur faireachduinn,  
 Le searbhas geur nach breithnichear,  
 'Dh'itheas as mar chnuimh ur dòchas.

Bidh cumhachd Dhé o fhaitheanas  
 'Cur beirm ri teas nan lasraichean,  
 'S bidh deamhain nimheil 'caigneachadh  
 Mur n-anaman sgait' o sholas.

'S e na h-aingidh ghruamach sibh,  
 'G àrach nimh le suarraicheas  
 'N aghaidh an Ti thug saorsa dhuinn,  
 'Ghabh sinn mar cheann 's a sheòl sinn.

Na faicte eudann gràdhach leibh  
 Cha b' urrainn sibh ga aicheadh,  
 Ach philleadh aibh a's nàir' oirbh  
 O ghràinealachd ur doighean.

Nam faicte ghlòir 'sa mhaise leibh  
 Mar chunnaic Eoin an t-Abstol iad,  
 'S ann bhiodh ur gràdh a' lasadh  
 Ann ur n-anam air a thòir-san.

Bheirinn comhairl tràth oirbh,  
 Gabhaibh i 's na fàgaibh i,  
 Dùnadh ris an t-Sàlnuighear  
 Mu'n tig am bàs g'ur fògradh.

Thugadh sibhs an aire mhaith  
 Nach breugan idir th' agamsa,  
 'S gu'm firinnich na flaitheanais  
 Gach drannadh a tha 'm chòmhradh.

#### AN DARA EARRANN.

Mo ghràdh-s' an comunn uasal ud  
 Nach aicheadh mò luaidh-sa,  
 Ach a leanas e tre chruaidhchasan,  
 'Toirt buaidh 'n an gluasad còmhnard.

Coimhididh iad aith'ntean-san,  
 Le h-urram diadhaidh, sgàthachail,  
 'S bidh eagal Dia 'n am pàilliunan  
 Gach là le cràbhadh sònruicht'.

Thug spiorad naomh nan gràsan ud  
 Tuigs' a's eòlas slàinteil dhoibh  
 Air òirdhearcas an t-Slanuighir  
 A ghin an gràdh gun ghò annt'.

Shoillsich Spiorad beannuichte  
 Dhé o nèamh le ghathan iad,

A' dearbhadh annt' ni's soilleire  
Gu seul' na naomhachd ghlòrmhor.

Dh'fhuadaich buaidh nam feartan ud  
Gach dorchadas a's aineolas,  
A's ghin e siol nam beannachd  
'N an anaman'-san mar phòraibh.

Dh'éirich grian na fireantachd  
Le slàint' orra gu firinneach,  
Ga'n athnuadhachadh o iomhaidh  
Gu iomhaidh Dhé le boichead.

'S na pòran cùbhraidh, torach ud  
A dh'fhàs fo bhlàth tre fheartan-san,  
Chionn gu'n robh freumh an anam  
Air a' charraig ud a chòmhnuidh.

'S i fireantachd Emanuel  
A chòmhdhaich lomnochd 'n anaman-san,  
'S thug saorsa phrìseil dhachaidh thuc'  
Tre chreideamh Dhé tha beò annt'.

An àit' aoibhinn thuit an lion-san,  
Ag òl á buadhan Dhia a mach,  
Dheth na sòlasan ionmhiannaichte  
Chuir am miann fo rian a sheòlaidh.

Tha naomhachd caithebeath' aca  
Co-shìnte ri an cleachdainean,  
'S tha stòldachd naomh' a's breithnéachadh  
Ri aithneachadh 'n an còmhradh.

Dh'aithnich an luchd-ceusaidh orra  
Gu'm bu Ghaleléich iad  
Air son nach robh mi-ghnethéalachd,  
Na euceartan 'g an treòrach'.

Cha'n ioghnadh leam ged d'aithnicheadh  
An saoghal gneathan ceart annta,

'S gur toradh siol neo mhearachdach  
O fhlaitheas a thug beo iad.

O'n doimhne 's tric a' gearan iad  
Air cridhe truailidh, ceannairceach,  
A' miannachadh dol dhachaidh  
Far am faigh an anam sòlas.

'S tric sna cuantan tuathach iad,  
A' snàmh nan tonnan luath-lunnach,  
'S muir bàite 's gàir nan uamhasan  
'G an slugadh suas gun trècair.

'S na cuantan mòra farsuing sin  
Bidh creidimh beò 'g an neartachadh  
Gur h-e Dia bheir dhachaidh iad,  
'S a chaisgeas a' muir mòr dhoibh.

Seann nàdur truailidh, ceannairceach,  
A bheir na cuantan dhachaidh orr',  
'Sa shluigeas sios a dh'aindeoin iad  
Mar neach gun neart fo dhòruinn.

Re oidh'chean gruamach, bagarrach,  
Is tùrsach 'feitheamh na fàireadh iad,  
Is cùirtc, brùite am faireachadh,  
A's ceartas 'g agradh 'chòrach.

Ged thig bàs a's codal orra,  
Dùisgear iad gu faireachail  
Le anail bhlàth o fhlaitheanas  
A' neartachadh an dòchais.

Leighscar an cùl sleamhnaichean,  
A's tearnar iad mar 's annsa leo—  
Sgriosar gach namhaid cheannspreidheach  
A bha gu teann an tòir orra.

Giullainidh iad smachdachadh  
An Ti tha nis 'na Athair dhoibh,



Le umhlachd strìochdail, mhacanta,  
Mar dh'fhòghlum iad o'n òige.

Eiridh iad 's na h-iarmailtean

Mar iolair air a sgiathan,

Le làn neart o Chrìosda

Os ceann am miannan feolmhor.

Ruithidh iad gu caithreamach

Tre shaors' o ghnùis 'g am beathachadh,

'Toirt cruinneachd beo mar aran dhoibh,

'G an neartachadh gu còmhrag.

Saighdearan eolach, sgairteil iad,

Fo blrataich Rìgh nam flaitheanais,

A' cogadh ris na deamhainean,

Toirt glòir a mach mar oighreachd.



#### THA GHAOTH A' SEIDEADH FAR AN AILL LEATHA.

*Mo ghradh air an Spiorad Naomha*

*Rinn ar saoradh o gach doruinn :*

*Mo ghradh air an Spiorad Naomha.*

Spiorad beannuicht' buadhmhor Chrìosda

Rinn ar lionadh leis gach sòlas.

'S tu ann an cuan feirg an Athar,

A' marcachd nan tonnan mòra.

,Nuair a sheid thu t'anail chùbhraidh

'Thug thu saors' a's aonadh beo dhuinn.

Dealradh a stigh air ar n-anam

Le do ghathan beannuicht', glòrmhor.

'S na gràsan a' briseadh briagha,

'S na h-achaidhean lionta, còmhnard.

Lillidhean a's ròsan cùbhraidh,

'Briseadh fo dhriuchdan do mhòrachd. }]

Gathan blàtha, buadhmhor, lionta,

'Toirt sgrios air na miannan feolmhor.

A's faileadh cùbhraidh a spìosraidh  
'Dol cho freagarrach a' d' chomhail.

Mo bhròn gu dannsa rinn thu chaoahladh  
'N uair a dh'fhaochaidheadh mo dhòruinn.

Ged a bhithinn marbh a'm shìneadh  
Dheanadh tu inntinneach, beo mi.

'S tric fhuair mi uait cosan eilid  
'S nach b' urrainn mi seasamh dòigheil.

Chumain cogadh ris an diabhol  
Le t'armachd ga m' dhion 's ga m' chòmhdach.

'S ann leam nach b' eagal deich mìle  
Ged bhiodh iad a' strì rium comhla.

Bha naomhachd lagh agus ceartais  
A' bagradh mo sgath gun trècair.

Chuir thu eifeachd saorsa Chrìosda  
Riarachadh nam fiachau glòrmhor.

Thug creidimh dhachaidh làn shaorsa,  
'S chaidh an t-aonadh mar bu chòir dha.

Rinn thusa ar cridhe toillicht',  
'S bhris thu cochomunn na feola.

Tha aitheantan do reachd cho naomha,  
'S bidh mi 'smaoineach' orr' an còmhnuidh.

Sgriobh thu do lagh air ar cridhe,  
'S thug thu sinne gu bhi beo dha.

Ann an ceumanna do shlighe  
Bidh mi 'g imteachd le do sheòladh.

Tha iomlaineachd maille riutsa  
Gu ar cumail ann an òrdugh.

Mar a bitheadh buaidh do chumhachd  
B' fheudar dhuinne sgar mar thoisich.

'S tu gu'n àraicheadh ar n-anam  
'N uair a dh'fhannaicheadh ar dèhas.

'N uair choinnich thu sinn aig Emaus  
Threoraich, shlànuich, 's phàrtaich dòchas.

Chomhpartaich an Spiorad Naomha  
Dochas a's saorsa ri Tomas.



Cha b' e aileadh<sup>h</sup> nan tairngean  
 A chàraich cho slàn a dhochas ;  
 Ach t'ol' chùbhraidh, ungaidh, uasal  
 'Sgaoileadh cuibhrichean eudochais.  
 'S e toradh t'oibre tha briatha,  
 'Dealradh le sgiamhachd na boichead.  
 'S iomadh buaidh a tha ga d' leantuinn  
 Air an rathad nach 'eil comhnard.  
 Ionah, thig a's tog leam fianuis  
 Nach e breugan sgeul mo chomhraidh.

---

 MU URNUIGH.

Innis thusa do Chrìosd  
 Gach namhaid tha 'g ia'dh  
 Mu t'anam le liontan bàis ;  
 'S bheir e misneach a's iuil  
 Do t'anam gun lùs,  
 A tha 'leantuinn ri ùir a' bhàis.  
 Bheir e misneach a's treoir  
 Do t'anam tha leont',  
 Ga d' theagasg gach lò le 'ghràs ;  
 'S bidh a neart-san 'toirt buaidh  
 Ga d' sheoladh-sa suas,  
 Ged tha t'fhaireachduinn fuar a's fàs.

Thig thusa 'na chòir  
 Leis a' chreidimh tha beo,  
 'S le t'uireasbhuidh mhor mar tha ;  
 Silidh csan a nuas  
 Driuchd nam beannachd o shuas  
 Air dha bhi 'g èisdeachd le truas ri d' chàs.  
 'S iomadh uair air mo ghlùn  
 'Fhuair mi beath' agus saors'  
 Air do m' anam bhi brùit' an sàs ;

'S bhithinn aoibhneach gu leoir  
 Ann do shaorsa bhi beo'  
 A's mi 'd ghlacaibh air bòrd 'san àirc.

Tilg uait t'fhireantachd fein  
 Tha mar luideagan breun  
 Ann an lathair mo Dhé-sa ghnàth ;  
 Feuch nach toir thu dad leat  
 'Dhùineas t'anam a mach,  
 'S bi-sa 'g iarraidh bhi falamh do ghnàth.

Bi thu-sa 'g iarraidh bhi beo  
 Aig stòl a choise gach lò,  
 'Glusad iriosal, còmhnard, reidh ;  
 A's bidh t'anam a' fàs  
 Gu trom, torach fo bhlàth  
 Tre dhealta nan gràs o neamh.

Cumaidh sud thu-sa beò  
 Bho fhuar anail an reòt',  
 'S bidh do chreidimh an còmhnuidh làn ;  
 Mar na luingeasan mòr  
 Th'air na cuantan a' seòl',  
 'S a tighinn dachaidh gu trom a' snamh.

'S an uair a gheibh thu o shuas  
 Gràs gu leaghadh do chruais  
 Thoir an aire nach buadhaich féin ;  
 'S nach tuit thu gu cas,  
 Le bhi 'g iarraidh gu bras,  
 Beath' a's saorsa ann a t'innidh féin.

Mar bha Ionah air dha  
 Laidhe sios fo 'n luidh-sgàil,  
 Mòr aoibhneach le fàbhar Dhé ;  
 Ach shearg an luidh-sgàil,  
 'S dhearg a fuachd air a cheann,  
 Dh' fhàs a bheatha dha searbh le h-eud.

Bi air t'fhaicill 's gach ceum  
 Roimh dhcamhain na féin,  
 Is ro fhrionasail dh'éireas àrd ;  
 'N uair thig an diabhol a steach  
 Mar thuiltean gu bras,  
 Feuch nach toir thu-sa fasgadh dha.

Ann's na h-uisgeachan treun  
 'S an do shluigeadh thu féin  
 Iarr neart ann a t'fheum o Dhia ;  
 'S thig plathadh o ghlòir  
 O 'aghaidh gun neoil,  
 Chumas saighdean nan dcaml'nan shìos.

Giulain buaireadh do ghnàth  
 'S bheir thu buaidh 's na geill dha,  
 Ged tha esan gun tàmh a' gleachd ;  
 'S teich a dh'ionnsuidh mo ghràidh,  
 A thug buaidh air gu bràth,  
 'S cuir thus esan a' t'àit a ghleachd.

Thoir aire, bi treun,  
 'S na cog a' d' neart féin,  
 Mu'n tuit thu le d' chreuchd sa' bhlàr ;  
 'S bidh tu d' shìncadh gun neart,  
 'S t'fuil a' sileadh gu bras,  
 'S cogais chiontach gun stad ga d' chràdh.

Cogais chiontach ga d' leon  
 Air son t'aineolais mhòir,  
 Chionn gu'n d' aom thu le sheoltachd dha ;  
 Ach cha'n fhàgar thu 'n sin,  
 Cuiridh Dia thugad neart,  
 Air dha bhi 'g éisdeachd ri d' ghearan bàis.

Cuiridh Dia thugad treùir,  
 Neart a's misneach gu lcòir,  
 Agus gliocas gu scoladh àrd ;

Ach tha sgolb anns an fheoil  
 Bheir iomadh searbas a's leon,  
 Chumas thus' o bhi mòr a' fàs.

Bheir sud ort a'd' cheum  
 A bhi 'gluasad gu seimh,  
 'S gu faireachail, steidheil, tlàth ;  
 'S bi 'g iarraidh bhi reidh  
 Ri freasdalan Dé,  
 'S e do ghliocas bhi 'geilleadh dha.

Mu's maith leat bhi 'g òl  
 Deth na h-uisgeachan beo,  
 A tha 'sruthadh o ghlèir gun tàmh ;  
 Teich o'n diabhol 's o'n fheoil,  
 'S dean spairn chruaidh anns an ròd,  
 Dealradh solus do lòchran slan.

'S tric an diabhol 's an fheoil  
 Air t'anam-sa 'n tòir,  
 Ga d' cheangal fo dhòruinn bàis ;  
 Aig feuchainn gun stad  
 Ri do tharruing air t-ais,  
 Ged a chaill iad an neart 'sa' bhlàr.

Is iomadh cath geur  
 A chuir mise 's iad féin,  
 'S cha'n ann ullamh gu léir a tha ;  
 'S bidh na h-airm thug thu dhomhs'  
 'Deanamh leir-sgrios gu leòir,  
 Le t' ughdarras beo o'n àird.

Cha'n fhaca mi riamh  
 Aon sealladh cho briagh,  
 Ri aghaidh mo Dhé 'sa' bhlàr ;  
 A' sgaoileadh na neoil  
 Le gathan o ghlèir,  
 'S ga m' tharruing le chòrdan gràidh.

Bu fhlaitheanas dhomhs'  
 T'eudan beannuicht' gun neoil,  
 Be sud mo bhéatha, mo cheol, 's mo shlàint  
 'S iad buaghan mo Dhia  
 Chumadh mis ann an rian,  
 Ag òl a mach asd' do n' fhion is fearr.

Dh'fhàsain reamhar a's treun  
 Air smior cruinneachd mo Dhé,  
 Nam faighinn dhomh féin mo shàth ;  
 'S b' àite freagarrach dhomhs'  
 Luidhe sios fo do bhòrd  
 'Feitheamh sbruilleach o ghlòir 's mi'n sàs.

'S cha'n iarrainn dhomh féin  
 Do fhlaitheanas Dé,  
 Ach bhi maille riut féin do ghnath ;  
 Ga m' threorach' san ròd  
 Le teagasg do bheoil,  
 'S ga m' chumail air dòigh le d' ghràs.



Be und me lobliche, so ziemt, a mo schäme  
T'wilt den beiracht, was heil,  
In V'nden was d'wilt,  
A'ol a mocht und, do n' V'nden is leyn  
Chinacht, was was on ryan,  
'S'at d'wilt die D'ne  
D'V'nden r'ndel a' d' d' d'  
A'w r'ndel er'ndel und die  
N'w d'wilt d'wilt, was was d' d'  
'S' d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
L'ndel d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
F'ndel d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
'S' d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
D' d' d' d' d' d' d' d' d'  
A' d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
C' d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
L' d' d' d' d' d' d' d' d' d'  
'S' d' d' d' d' d' d' d' d' d'









